

A MHÒRACHD RÌOGHAIL PRIONNSA NA  
CUIMRIGH AGUS BANA-DHIÙC NA  
CÒIRN SGRÙDADH BLIADHNAIL 2006

'S e adhbhar an Sgrùdaidh Bhliadhnail seo cunntas a thoirt air gnìomhan oifigeil is carthannach Prionnsa agus Bana-phrionnsa na Cuimrigh agus fiosrachadh a thoirt seachad mun teachd a-steach agus mun caiteachas airson na bliadhna suas gu 31 Màrt 2006.

Tha an Sgrùdadh a' toirt cunntas air dreuchd is gnìomhan Prionnsa na Cuimrigh anns a bheil trì prìomh eileamaidean: a' gabhail os làimh dleastanasan rìoghail mar thaic don Bhànrigh, ag obair mar neach-tionnsgain carthannach agus a' brosnachadh is a' dìon dhualchasan, fheartan is fheabhasan nàiseanta.

## RO-RÀDH

### A' TOIRT TAIC DHAN BHANRIGH

### NEACH-TIONNSGAIN CHARTHANNAIS

### A' BROSACHADH IS A' DÌON

### TEACHD A-STEACH, CAITEACHAS AGUS LUCHD-OBACH (Text for side tabs)

## CLÀR-INNSE

### 01 | 06 RO-RÀDH

- 02 | 03 Geàrr-chunntas
- 04 | 04 Dleasan is gnìomhan
- 05 | 06 Diùcachd na Còirn
- 07 | 08 Uallaichean àrainneachd is sòisealta

### 09 | 14 A' TOIRT TAIC DHAN BHANRIGH

- 09 | 12 An Rìoghachd Aonaichte is thall-thairis
- 13 | 14 Na Seirbheisean Armaichte

### 15 | 34 NEACH-TIONNSGAIN CHARTHANNAIS

*A' comharrachadh 30 bliadhna de Urras a' Phrionnsa*

- 16 | 16 £110 millean airson buidhnean carthannais
- 17 | 22 Cothroman is iomairtean
- 23 | 24 Slàinte
- 25 | 26 Foghlam
- 27 | 28 Gnothachas cunntasach
- 29 | 29 An àrainneachd nàdarach
- 30 | 30 Duchy Originals
- 31 | 32 An àrainneachd thogte
- 33 | 34 Na h-ealain

### 34 | 37 A' BROSACHADH IS A' DÌON

### 38 | 58 TEACHD A-STEACH, CAITEACHAS AGUS LUCHD-OBACH

- 39 | 39 Cunntas teachd a-steach agus caiteachais
- 39 | 40 Teachd a-steach agus maoinneachadh
- 41 | 42 Caiteachas
- 43 | 52 Luchd-obrach
- 52 | 52 Tursan bliadhnail
- 53 | 53 Cosgaisean oifigeil sgrùdaichte a rèir gnè caiteachais

### 54 | 57 PÀIPEAR-TAICE

- 54 | 56 Cùraman Àrd Stiùirichean
- 57 | 57 Buidhnean carthannais A' Phrionnsa

# GEÀRR-CHUNNTAS

Tha an Sgrùdadh Bliadhna seo a' dèiligeadh ris a' bhliadhna gu 31 Màrt 2006. A bharrachd air an ro-ràdh seo agus taghadh de thachartasan bhon bhliadhna, tha ceithir prìomh earrannan ann:

aon a' dèiligeadh ri na trì prìomh eileamaidean ann an dleastanas Prionnsa na Cuimrigh, agus an ceathramh tè, (a' gabhail a-steach a' Phàipeir-thaice) a' toirt cunntas mionaideach air mar a tha na gnìomhan is an oifis aige fhèin is aig Bana-dhiùc na Còirn air am maoinneachadh agus ag innse mu dhleastanasan a chuid àrd stùirichean.

Ged nach eil dreuchd shònraichte a thaobh bun-reachd na dùthcha aig Oighre a' Chrùin, tha Prionnsa na Cuimrigh, le taic bho mhnaoi, Bana-dhiùc na Còirn, a' dèanamh nas urrainn dha, na shuidheachadh shònraichte, gus gnòthaichean a dhèanamh nas fheàrr san Rìoghachd Aonaichte agus gu h-eadar-nàiseanta. Tha an dòigh sa bheil A Mhòrachd Rìoghail a' dèanamh seo ag atharrachadh thar tim agus a rèir an t-suidheachaidh ach gabhaidh sin, ann an dòigh shìmplidh, bhith air a roinn ann an trì earrainnean.

## **A' gabhail os làimh dleastanasan rìoghail mar thaic dhan Bhànrig**

Tha seo a' gabhail a-steach Am Prionnsa a bhith toirt taic dhan Bhànrig na dleastanas mar mheadhan airson uaird nàiseanta, aonachd is ùmhlachd agus a' toirt daoine ri chèile thar gach raon de choimhearsnachd na dùthcha, a' riochdachadh seasmhachd is leantainneachd, a' toirt soirbheachadh am follais, a' sònrachadh cudromachd seirbheis agus na roinne shaor-thoileach le brosnachadh is eisimpleir.

## **Ag obair mar neach-tionnsgain carthannach**

Airson iomadh bliadhna tha Am Prionnsa air feumalachdan carthannach a shònrachadh agus air a bhith a' stèidheachadh is a' brosnachadh charthannasan gus am feum sin a choinneachadh. An-diugh, tha Buidhnean Carthannais A' Phrionnsa, mar a theirte ri na prìomh 16 buidhnean a' riochdachadh na h-iomairt charthannais ioma-adhbhar as motha san R.A. Gach bliadhna, tha A Mhòrachd Rìoghail a' cuideachadh le bhith a' togail, ann an dòigh air choreigin, còrr is £100 millean airson taic a chur ri gnìomhan a harthannasan. Tha còrr air 1,400 duine ag obair eadar na 16 buidhnean, le mìltean de dhaoine a' toirt tuilleadh taic luachmhor seachad gu saor-thoileach. Tha Am Prionnsa cuideachd na Cheann-suidhe no na Chùl-taic air mu 370 buidheann charthannais.

## **A' brosnachadh is a' dìon dhualchasan, fheartan is fheabhasan nàiseanta**

Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt taic do choimhearsnachdan dùthchail Bhreatainn, a' brosnachadh ceadachas is barrachd tuigse eadar creideamhan is coimhearsnachdan eadar-dhealaichte, agus a' comharrachadh soirbheachadh no cùisean nach fhaigheadh mòran aire, gun taic Prionnsa na Cuimrigh. San t-seagh seo, tha A Mhòrachd Rìoghail tric na mheadhan air deasbad no atharrachadh adhbhrachadh tro litrichean gu, is coinneamhan ri, Ministearan Riaghaltais agus daoine cumhachdach eile, agus le bhith a' toirt òraidean seachad agus a' sgrìobhadh artaigilean. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha e an-còmhnaidh faiceallach cùisean Poilitigeach a sheachnadh agus bidh e a' conaltradh le Ministearan mar bhall den Chomhairle Dhìomhair, a' foillseachadh chùisean a thog daoine ris rè a chuirtean tron dùthaich.

Ann a bhith a' coileanadh a dhleastanas mar Oighre a' Chrùin, tha Am Prionnsa a' faighinn taic bho mhnaoi, Bana-dhiùc na Còirn, a bhios còmhla ri cèile aig mòran de na tachartasan poblach aige. Bidh A Mòrachd Rìoghail cuideachd a' frithealadh chuirmean is thachartasan leatha fhèin, agus a' cuairteachadh obair charthannais is obair eile na dreuchd mar Chùl-taic no Cheann-suidhe àireamh de bhuidhnean carthannais is eile.

## TEACHD A-STEACH AGUS CAITEACHAS

A' bhliadhna gu 31 Màrt 2006

	£000an	£000an
Teachd a-steach bho Diùcachd na Còirn	14,067	13,274
Maoineachadh bho Tabhartasan Cobhair agus roinnean Riaghaltais	2,073	2,688
<b>Teachd a-steach is maoineachadh iomlan</b>	<b>16,140</b>	<b>15,962</b>
Caiteachas oifigeil	8,660	8,625
Cis	3,296	3,263
Caiteachas pearsanta	2,181	2,204
Caiteachas calpa (fo aslachadh), ath-dhioladh iasadan is gluasadan gu cùl-stòran	1,867	1,739
<b>Airgead corra</b>	<b>136</b>	<b>131</b>

### Geàrr-chunntas

Ged a tha an dòigh sa bheil Prionnsa na Cuimrigh a' coileanadh a dhleastanasan poblach seasmhach bho bhliadhna gu bliadhna, bha 2005-06 sònraichte airson ceithir cuspairean.

B' e a' chiad fhear gun robh Bana-dhiùc na Còirn an cois a cèile rè a dhà phrìomh chuairt thall-thairis agus air mòran de a dhleastanasan oifigeil aig an taigh an dèidh am pòsaidh air 9 Giblean 2005. Gu lèir, fhritheil A Mòrachd Rìoghail 147 thachartasan oifigeil còmhla ris A' Phrionnsa san R.A. agus 49 tachartasan thall-thairis. Ghabh a' Bhana-dhiùc cuideachd os làimh 30 tachartas oifigeil leatha fhèin san R.A. rè na bliadhna, agus ceithir thall-thairis.

B' e atharrachadh gnàth-shìde an dara cuspair, cùis gu bheil Am Prionnsa air a bhith a' tarraing aire airson iomadh bliadhna. B' e an àrainneachd aon de na prìomh chuspairean a nochd air turas Am Mòrachdan Rìoghail gu na S.A. Thug Am Prionnsa prìomh òraid seachad air atharrachadh gnàth-shìde dha stiùirichean ghnòthachais ann an San Francisco, agus na òraid oifigeil aig an dinnear san Taigh Gheal ann an Washington DC thug e aithne don obair dheatamach a rinn Ameireagaidh ann a bhith a' dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ris a' phlanaid.

San R.A., thog Am Prionnsa aire gu cunnart atharrachadh gnàth-shìde ann an agallamh leis a' BhBC is chaidh seo aithris fad is farsaing ann am meadhanan eile. Dh'iarr e cuideachd air ghnòthachasan barrachd a dhèanamh airson a dhol an sàs ann an cùisean seasmhach ann an òraid gu Instituid Chunntasairean Chùmhnantaichte, agus dèiligeadh ri adhbharan airson atharrachadh gnàth-shìde nuair a thadhail e air prìomh oifisean Co-chaidreachas Gnìomhachas Bhreatainn ann an Lunnainn. Ann a bhith a' feuchainn ri na tha e a' searmonachadh a choileanadh, tha A Mhòrachd Rìoghail air muinntir a' theaghlach a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh lùth-èifeachdas agus a' lùghdachadh sgaoileadh gualain.

B' e an treas phrìomh chuspair brosnachadh A' Phrionnsa a thaobh dàimhean co-chòrdach eadar coimhearsnachdan creideimh sa R.A. agus thall-thairis, rud airson a bheil A Mhòrachd Rìoghail air a bhith a' saothrachadh airson iomadh bliadhna. San t-seagh seo, b' e prìomh nithean na bliadhna a dhà òraid rè cuairt an Earraich, a' chiad tè aig Oilthigh Al-Azhar san Èiphit, agus an dara tè aig Oilthigh Imam Muhammad bin Saud ann an Saudi Arabia, far am b' e Am Prionnsa a' chiad Iarlag a thug òraid seachad sa phrìomh oilthigh Ioslamach san dùthaich.

B' e an ceathramh cuspair comharrachadh 30mh bliadhna de Urras a' Phrionnsa. Thòisich tachartasan comharrachaidh co-là-breith a' charthannais gu tìtheach sa Ghearran 2006 le duaisean Celebrate Success ann an Lunnainn, agus chrìochnaich iad aig deireadh a' Chèitein le consairt ann an Tùr Lunnainn aig an robh Prionnsa na Cuimrigh, A' Bhana-dhiùc, Am Prionnsa Uilleam is Am Prionnsa Harry, agus cuirm co-amail telebhisein air a craoladh beò air ITV a chuidich gus £3 millean a thogail dhan Urras – an tachartas maoineachaidh bu shoirbheachail ann an eachdraidh a' charthannais.

**Tha cunntasan mu na dleastanasan oifigeil uile, mu òraidean, artaigilean agus fiosrachadh farsaing beath-eachdraidheil is fìor air làrach-lìn a' Phrionnsa, [www.princeofwales.gov.uk](http://www.princeofwales.gov.uk).**

# TACHARTASAN AGUS GNÌOMHAN

Ann an 2005-06, ghabh Prionnsa na Cuimrigh 642 tachartasan oifigeil os làimh, 81 dhiubh sin thall-thairis, agus ghabh Bana-dhiùc na Còirn 230 tachartas os làimh, 53 dhiubh sin thall-thairis. Tha na tachartasan is na gnìomhan a leanas a' sealltainn raon dhleastanasan Am Mòrachdan Rìoghail rè na bliadhna.

## **Bana-dhiùc na Còirn a' fosgladh ionad Epidemiology ann an Ospadal Choitcheann Southampton**

Sa Chèitean 2005, ghabh A Mòrachd Rìoghail os làimh a ciad tachartas rìoghail leatha fhèin nuair a thadhail i air Ospadal Coitcheann Southampton na dreuchd mar Ceann-suidhe Buidheann Nàiseanta Osteoporosis airson Ionad Rannsachaidh Epidemiology na Comhairle Mheidigeach fhosgladh gu h-oifigeach.

## **Ceumnachd a' Phrionnsa Uilleim bho Oilthigh Cill Rìbhinn**

San Ògmhios 2005, thadhail Am Prionnsa is A' Bhana-dhiùc, còmhla ris A' Bhànrighe agus Diùc Dhùn Èideann, air Fìobha airson Am Prionnsa Uilleam fhaicinn a' ceumnachadh bho Oilthigh Cill Rìbhinn le ceum M.A. le Urram 2:1 ann an Cruinn-eòlas. An dèidh ceithir bliadhna de sgrùdadh thuirt Am Prionnsa, 23, gun robh e duilich bhith a' fàgail Cill Rìbhinn, agus thug e taing phoblach do cho-oileanaich agus muinntir a' bhaile airson ùine san Oilthigh a dhèanamh cho taitneach.

## **A' frithealadh cuimhneachan comharrachaidh 60mh de Là VE/VJ**

San Iuchar 2005, chaidh Prionnsa na Cuimrigh, Bana-dhiùc na Còirn agus Am Prionnsa Harry còmhla ris A' Bhànrighe agus Diùc Dhùn Èideann gu Cuimhneachan Nàiseanta Deireadh an Dara Cogaidh aig Horse Guards Parade. Bha an là na chrìoch de sheachdain thachartasan airson an trì fichead cuimhneachan bliadhna de dheireadh an Dara Cogaidh a chomharrachadh.

## **Tadhail gu Washington DC airson lòn is dinnear còmhla ris a' Cheann-suidhe is a' Bh/ph Bush san Taigh Gheal**

San t-Sultain 2005, rè tadhal an Fhoghair gu na S.A., bha Am Prionnsa agus A' Bhana-dhiùc aig lòn prìobhaiteach san Taigh Gheal còmhla ris a' Cheann-suidhe agus buill eile den teaghlach Bush mus deach iad còmhla ris a' Bh/ph. Bush air turas gu sgoil ionadail. Na b' fhaide, air an aon là, fhritheil Am Mòrachdan Rìoghail dinnear foirmeil san Taigh Gheal far na mhol an Ceann-suidhe "spiorad coitcheann is stiùireadh seasmhach" A' Phrionnsa.

## **Cuairt gu Club Ball-coise Liverpool airson Urras A' Phrionnsa a chomharrachadh**

San t-Sultain 2005, thadhail Am Mòrachdan Rìoghail air Anfield, dachaigh CB Liverpool, airson an 10,000mh chom-pàirtiche ann an Iomairt Ball-coise Urras A' Phrionnsa a chomharrachadh. Tha am pròiseact, le taic bhon Phrìomh Lìog, Bunait a' Bhall-coise agus Buidheann nan Cluicheadairean Ball-coise Proifeiseanta, a' cleachdadh tarraing a' gheama airson òigridh thrioblaideach a bhrosnachadh gu am beatha a rèiteachadh.

## **Cuairt gu leudachadh bailteach ann an Upton, Siorrachd Northampton**

San Fhaoilleach 2006, thadhail Am Prionnsa air Upton, sàr-leudachadh bailteach air iomall Northampton, togte mar choimhearsnachd sheasmhach airson cuideachadh le bhith a' coinneachadh fheumalachdan coitcheann is ruigsinneach taigheadais. Ghabh Bunait A' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Thogte co-chomhairleachadh coimhearsnachd os làimh san sgìre airson cuideachadh le sàr-phlana Upton a stèidheachadh; rè a thurais choinnich Am Prionnsa ri grunn theaghlachan a tha a' buannachadh bhon obair sin.


## **Fosgladh an Senedd ann am Bàgh Chardiff**

Air là Naomh Dhaibhidh sa Mhàrt 2006, chaidh Am Prionnsa agus A' Bhana-dhiùc còmhla ris A' Bhànrighe agus Diùc Dhùn Èideann dhan Chuimrigh nuair a bha A Mòrachd a' fosgladh dachaigh ùr àlainn Seanadh na Cuimrigh, air Bàgh Chardiff, ris an canar an Senedd.

## **Prionnsa na Cuimrigh a' toirt òraid seachad air dàimhean eadar-chreideimh aig Oilthigh Al-Azhar ann an Cairo**

Sa Mhàrt 2006, aig toiseach turas Am Mòrachdan Rìoghail dhan Èiphit, dh'ìarr Am Prionnsa gum biodh tuigse na b' fheàrr eadar na trì prìomh chreideamhan Abrahamach, Crìosdaidh, Ioslamach is Iùdhach, nuair a bhruidhinn e ri 800 sgoilear Ioslamach ann an Oilthigh Al-Azhar. An dèidh òraid a libhrigeadh fhuaire A Mòrachd Rìoghail ollamhachd urramach bhon Oilthigh, a' chiad tè a chaidh a bhuileachadh air neach neo-Mhuslamach, airson a chuid obrach ann a bhith ag adhartachadh tuigse eadar-chreideimh.

# DIÙCACHD NA CÒIRN



‘S e Diùcachd na Còirn an oighreachd phrìobhaiteach a tha a’ maoineachadh ghnìomhan poblach, carthannach is prìobhaiteach Prionnsa na Cuimrigh agus a theaghlach. Tha timcheall air 54,760 heactair ann, ann am 20 siorrachd, a’ mhòr-chuid ann an iarr-dheas Shasainn, agus tha e a’ gabhail a-steach togalaichean àiteachais, còmhnaidh agus malairteach, a thuilleadh air cùram-roinne tasgaidh.

Chaidh oighreachd na Diùcachd a chruthachadh ann an 1337 le Eideard III dha mhac, Am Prionnsa Eideard, agus b’ e a’ phrìomh dhreuchd, is a tha fhathast, teachd a-steach a thoirt dha Prionnsa na Cuimrigh mar Oighre a’ Chrùin. Na dhreuchd mar Dhiùc na Còirn, tha Prionnsa na Cuimrigh gu gnìomhach an sàs ann a bhith a’ ruith na Diùcachd agus tha e gu sònraichte a’ dèanamh cinnteach gu bheil sàr chleachdadh àrainneachd is àiteachais, leasachadh seasmhach agus co-obrachadh le luchd-gabhail agus coimhearsnachdan ionadail aig cridhe modh-stiùiridh na Diùcachd. Tha Am Prionnsa air sealltainn tron Diùcachd agus tro chompanaidh-bidhe, Duchy Originals, gu bheil a bhith a’ coimhead ris an fhad-ùine agus a bhith a’ gleidheadh is a’ cumail suas coimhearsnachdan a’ dol le deagh phrothaid ionmhasail.

Tha an dòigh-obrachaidh seo ri fhaicinn ann an coileanadh ionmhasail Diùcachd na Còirn. Bho ghabh Prionnsa na Cuimrigh uallach-stiùiridh air a son nuair a bha e 21 bliadhna ann an 1969, tha an fhàs ann an so-mhaoin calpa - air nach eil cothrom aig A’ Phrionnsa – air a bhith brìgheil agus air a dhol thairis gu mòr air meudachadh ann an teachd a-steach A’ Phrionnsa bhon oighreachd. Tha Am Prionnsa a’ roghnachadh còrr mòr air leth a theachd a-steach an dèidh cise bho Diùcachd na Còirn airson obair poblach is charthannach adhartachadh is a leasachadh. Ann an 2005-06 dh’àrdaich teachd a-steach bhon Diùcachd 6% gu £14.06 millean, àrdachadh a bha ann am pàirt ri linn buaidh ath-sgrùdaidh air cisean seilbh mhalairteach agus àrdachadh ann an teachd a-steach tasgaidh.

Gus dèanamh cinnteach gum bi an teachd a-steach ri fhaighinn bho linn gu linn, chan eil cothrom sam bith aig Diùc na Còirn air calpa na Diùcachd. Tha seo a’ ciallachadh nach eil an toradh is na prothaidean bho reic so-mhaoin calpa a’ dol gu Prionnsa na Cuimrigh ach gu bheil iad air an ath-thasgadh taobh a-staigh na Diùcachd. A thuilleadh air sin, gus dèanamh cinnteach gu bheil stiùireadh na Diùcachd a’ cur cudrom gu leòr air dìon is feabhasachadh so-mhaoin calpa, chaidh reachdachd a thoirt a-steach san 19mh linn airson gun deigheadh an Diùcachd a ruith air bunait mhalairteach agus gum biodh Roinn an Ionmhais ann an dreuchd urrasair, gus dèanamh cinnteach gun deigheadh gnothaichean Dhiùcan san àm ri teachd a dhìon. ‘S e am prìomh dhòigh sa bheil Roinn an Ionmhais a’ coileanadh na dreuchd seo a bhith a’ meas ghnìomhan seilbh calpa anns a bheil luach £200,000 no barrachd. Tha cunntasan na Diùcachd air a chur fa chomhair na Pàrlamaid gach bliadhna gus am bi i riarachtaiche gu bheil Roinn an Ionmhais a’ coileanadh a dleastanasan san t-seagh seo. Chaidh a’ bhunait air a bheil an Diùcachd ga ruith ath-dhearbhadh le Roinn an Ionmhais rè na bliadhna mar fhreagairt do ghnòthaichean a thog Comataidh nan Cunntas Poblach. Chithear am freagairt a thug Roinn an Ionmhais agus Diùcachdan na Còirn is Lancaster (an oighreachd a tha an urras dhan Rìgh) dha molaidhean Comataidh nan Cunntas Poblach air an eadar-lìon aig [www.official-documents.co.uk](http://www.official-documents.co.uk).

Tha cùram sònraichte aig Prionnsa na Cuimrigh is Bana-dhiùc na Còirn airson na Diùcachd agus airson nan daoine a tha a' fuireach air an oighreachd agus b' e an ciad turas bho phòs iad sa Chèitean 2005, gu Devon, A' Chòrn agus Eileanan Scilly, aon de nithean sònraichte na bliadhna.

Tha Am Mòrachdan Rìoghail co-cheangailte ri grunn charthannasan is buidhnean Còrnach san iar-dheas, agus b' e taic do na h-iomairtean sin agus do ghnothachasan is coimhearsnachdan ionadail prìomh adhbhar an turais.

Fo stiùireadh A Mhòrachd Rìoghail, tha an Diùcachd air aithne a chur air an luach is an t-sochair tha tighinn bho bhith a' leasachadh thogalaichean anabarra gu bhith nan àitean obrach is còmhnaidh. San Iuchar 2005, thadhail Am Prionnsa air Siorrachd Hertford airson a' chiad ìre de aonadan a chaidh a leasachadh mar àitean obrach is còmhnaidh fhaicinn. Bha na togalaichean, a cheannaich an Diùcachd ann an 2000 mar phàirt de oighreachd Harewood End, air a bhith falamh no fàs o chionn còrr is 25 bliadhna. Mar a chrìochnaicheas an Diùcachd an ath ìre den phròiseict ath-leasachaidh aig Harewood End, leanaidh cruthachadh obraichean is dachaighean sa choimhearsnachd.

Sa Gherran 2006, thug Am Prionnsa duaisean Habitat dha luchd-gabhail na Diùcachd. Chuir A Mhòrachd Rìoghail na duaisean air chois o chionn 10 bliadhna airson aithne a thoirt do chleachdaidhean stiùiridh is tuathanais a chaidh a chur an gnìomh airson am bàidheachd don àrainneachd nàdarra fhad 's a bha iad cuideachd a' coileanadh deagh mhodhan àiteachais is prothaid.

Tha an Diùcachd a' brosnachadh a luchd-gabhail gu bhith a' cleachdadh glèidhteachas an cois tuathanachais mhalairtich. Tha i a' dèanamh seo le bhith a' toirt fiosrachadh seachad mu shàr-chleachdadh àrainneachd, a' brosnachadh àrd ìrean bith-iomadachd agus a' togail mothachadh air prionnsabalan tuathanasachd fàs-bheairteach agus an cothrom air sgeamaichean àit-àrainneachd eile. Tha an oighreachd cuideachd ag obair ann an com-pàirteachas le grunn bhuidhnean àrainneachd leithid the Farming and Wildlife Advisory Group, Forum for the Future, the Soil Association agus English Nature. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu Dhiùcachd na Còirn aig [www.duchyofcornwall.org](http://www.duchyofcornwall.org).

## RIANACHD FORSAIREACHD

Mar phàirt de a gabhaltas, tha Diùcachd na Còirn a' stiùireadh 1,700 heactair de dh'fhearann coillteach, is a' mhòr-chuid de sin air a bhith ann o chionn grunn linntean. 'S e prìomh amas rianachd forsaireachd na Diùcachd a bhith an urra, cho fad 's a ghabhas sin a dhèanamh, ri nàdar airson fearann coillteach eadar-mheasgte a chumail a' dol. Chan e a-mhàin gu bheil am fearann coillteach a' libhrigeadh fiodh luachmhor, agus a' cumail suas beairteas de fhiadh-bheatha ach tha e cuideachd na àrainneachd thaitneach dhan t-sluagh.

Tha fiodh bho na coilltean air a reic gu caochladh mhargaidhean no air a chleachdadh air oighreachd farsaing na Diùcachd. Mar eisimpleir tha fiodh uinnseinn bho oighreachd Hereford ga chleachdadh ann an raon ùr de innealan is àirneis gàrraidh Duchy Originals agus tha mirean-fiodha gan cleachdadh airson cuid de bhìadh a' chompanaidh a smocadh. Tha Prionnsa na Cuimrigh a' brosnachadh is a' cur taic ri rianachd forsaireachd sheasmhach, le eadar 25,000-30,000 craobh gan ath-chur gach bliadhna. Cha mhòr nach eil teisteanas Forest Stewardship Council aig fearann coillteach na Diùcachd gu lèir.



# CÙRAM ÀRAINNEACHD AGUS SÒISEALTA

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith a' togail chùisean co-cheangailte ris an àrainneachd airson iomadh bliadhna, agus rè 2005-06 rinn A Mhòrachd Rìoghail oidhirp shònraichte tro òraidean, agallamhan meadhanan, agus coinneamhan le stiùirichean gnothachasan, iomagainean fàs-mhor mun àrainneachd a chomharrachadh agus brosnachadh a thoirt do chompanaidhean agus daoine fa leth droch bhuaidh an cleachdaidhean air an t-saoghal nàdarra a lùghdachadh.

Ann an òraid gu Instituid Chunntasairean Chùmhnantaichte sa Chèitean 2005, dh'iarr Am Prionnsa air companaidhean dòigh na bu sheasmhaiche a ghabhail ann an cùisean gnothachais, dòigh a bha toirt a-steach buaidh an gnìomhan mhalairtiche air an àrainneachd. Thuir e: "Tha mi a' moladh, aig a' char as lugha, gu bheil sinn a' feumachadh fàs nach eilear a' coileanadh tro dhroch bhuaidh a' 'chalpa nàdarra' air a bheil sinn uile an crochadh. Mar le calpa ionmhasail, nuair a chosgas sinn calpa nàdarra, feumamaid dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh gu ciallach, agus gu bheil sinn a' gabhail cheumanna airson a leasachadh, mur eil dhuinn fhìn, dha ar cuid cloinne is ar n-oghaichean. Tha seo a' ciallachadh gun gabh sinn ri bun-bheachd crìochan nàdarra ann an saoghal a tha cuingealaichte a thaobh ghoireasan."

Tha Prionnsa na Cuimrigh a' feuchainn ri na tha e a' searmonachadh a chur an gnìomh agus thathas air tòrr a choileanadh sna bliadhnachan mu dheireadh ann a bhith a' lùghdachadh buaidh cleachdaidhean a Theaghlach air an àrainneachd. Tha cleachdaidhean bàidheil a luchd-obrach a thaobh na h-àrainneachd, leithid ath-chuairteachadh is lùth-shàbhalaich, nam pàirt den bheatha làitheil, agus thathas a' cleachdadh modhan còmhhdala nas lùth-èifeachdaiche (leithid chàraichean le connadh nas caomhntach is 'hybrid') cho fad 's a ghabhas.

Tha siostam teasachaidh le mìrean-fiodha ga stàladh ann an Highgrove (agus tha planaichean ann an aon rud a dhèanamh ann am Birkhall, dachaigh Am Mòrachdan Rìoghail ann an Alba), tha uisge ga ath-chuairteachadh ann an siostam òtrachais nàdarra, agus tha clàran grèine a' teasachadh an taigh-bainne.

A thuilleadh air a bhith a' feabhasachadh èifeachdas, agus a' lùghdachadh sgaoilidhean mar thoradh dhen sin tha Am Prionnsa air a sgaoilidhean gualain a bhunailteachadh bhon Ghiblean April 2005.

Tha na sgaoilidhean air a bhunailteadh le bhith dol an sàs, tro bhuidheann shònraichte, ann am pròiseactan lùtha seasmhach agus an iomairtean lùth-èifeachdach, san dùthaich seo agus thall-thairis. Tha tairbhe a bharrachd ann seach gu bheil a' bhunailteachd a' toirt taic dha pròiseactan seasmhach nach fhaigheadh maoinachadh ann an dòigh sam bith eile. A dh'aindeoin sin, bidh prìomhachas an-còmhnaidh ga thoirt dha èifeachd lùtha is lùghdachadh sgaoilidhean.



MULLACH GU BONN Am Prionnsa is Bana-dhiùc na Còim a' cur craobh air Oighreachd Highgrove.

San t-seagh seo, san Fhoghar 2005 dh'ùghdarraich Am Prionnsa aithisg gus 'carbon footprint' a Theaghlach air fad a dhearbhadh, a' gabhail a-steach nan trì àitean còmhnaidh, aig Clarence House, Highgrove agus Birkhall. Thug an aithisg a-steach ath-sgrùdadh iomlan air dealan an Dachaigh, siubhal a luchd-obrach air càr, trèana is plèana, a thuilleadh air siubhal pearsanta Am Mòrachdan Rìoghail. (B' e rùn A' Phrionnsa sgaoilidhean gualain bho a chòmhdhail fhèin a lùghdachadh a dh'adhbhraich, ann an 2005, gun stad e a chluich polo, seach gun robh cuingealaichean ùine tric a' ciallachadh gum feumadh A Mhòrachd Rìoghail siubhal gu is bho gheamaichean polo air heileacoptair.)

Chomharraich an aithisg roinnean far an gabhadh tuilleadh lùghdachadh a dhèanamh ann an sgaoilidhean gualain. Aon uair 's gun tèid a stèidheachadh, bidh Carbon Footprint 2005 mar bhun-tomhais airson coileanadh eig-èifeachdais a thomhais san àm ri teachd.

Tha cuideachd uallach air A Mhòrachd Rìoghail mu ghainnead uisge agus tha e air iarraidh gun tèid sgrùdadh uisge a ghabhail os làimh anns na trì àitean-còmhnaidh. Far an gabhadh sin a dhèanamh chaidh 'hippos' – breicichean lùghdachaidh uisge - a chur ann an taighean-beaga agus thèid modhan iomchaidh eile a chur an sàs an dèidh an sgrùdaidh.

Gus dèanamh cinnteach gum bi oidhirpean an Dachaigh, co-cheangailte ri lùghdachadh droch bhuaidh air an àrainneachd, leantainneach is so-thomhaiseach, thèid siostam stiùiridh àrainneachd a thoirt a-steach. Bidh e ag amas air èifeachdas ghoireasan àrdachadh agus air sealltainn mar a tha roinnean fa leth, leithid cleachdadh uisge, èifeachdas lùtha is cleachdadh pàipeir air atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna.

Thèid aire shònraichte a thoirt dha siubhal luchd-obrach a thuilleadh air siubhal pearsanta Am Mòrachdan Rìoghail. Thèid tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh air gach fear dhiubh, le planaichean a cheana gan cnuasachadh airson sgeama siubhal 'uaine', a' gabhail a-steach sgeama 'bicycle to work'. Tha an Dachaigh cheana a' cleachdadh companaidh tagsaidh 'uaine' ann an Lunnainn. Tha an Dachaigh agus àitean-còmhnaidh A' Phrionnsa cuideachd a' gabhail pàirt gnìomhachail sna coimhearsnachdan anns a bheil iad. A thuilleadh air a bhith a' fosgladh dhan t-sluagh, tha buidhnean cloinn-sgoile agus òigridh air am fiathachadh gach bliadhna gu Clarence House airson obair an Dachaigh fhaicinn, agus tha an gàrradh aig Highgrove fosgailte dha luchd-turais bhon Ghiblean gun Dàmhair.

Tha Am Prionnsa a' cleachdadh Highgrove Home Farm mar àite glèidhteachais dha gnèithean fo-chunnart agus bidh an Soil Association ga chleachdadh mar thuathanas taisbeanaidh airson èifeachdas tuathanachas fàs-bheairteach fhoillseachadh.

Tha Patrick Holden, Stiùiriche Soil Association, do bheil Am Prionnsa na chùl-taic ag ràdh: "S e cothrom a thighinn gu tuathanas is gàrraidhean Highgrove, as motha thug buaidh air luchd-poileasaidhean, luchd-meadhanan, sealbhadairean-fearainn is riochdairean bho ghniomhachas a' bhidhe a thaobh comasachd fàis biadh is tuathanasachd fàs-bheairtich. Bho 1990, tha Prionnsa na Cuimrigh a' cur impidh air a Luchd-Barantais coinneachadh ri slatan-tomhais sònraichte àrainneachd. Thathas a-nise a' suidheachadh thargaidean freagarrach dha gach Neach-Barantais gus an gabh an lùghdachadh aca a thaobh buaidh àrainneachd a bhith air a mheas aig sgrùdaidhean bho àm gu àm de na Barantasan aca.



GU H-ÀRD Taigh Highgrove. *Le cead bho Andrew Lawson.*